

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## An Seòladair agus an Leòmhann

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,238. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 934 corresponds to Litir 1,238. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Tha mi an dòchas gu bheil sibh uile eòlach air an làraich-lìn ris an canar 'Tobar an Dualchais'. Tha i làn stuth iongantach – sgeulachdan is òrain is cuimhneachain – ann an Gàidhlig, Albais **no sa Bheurla Shasannaich**. Bho àm gu àm, bidh mi a' tarraing rudeigin às an 'Tobar' dhuibh – mar bhrosnachadh dhuibh a dhol air an làraich agus èisteachd ri Gàidhlig bhrèagha, agus diofar dhualchainntean dhith.

An-diugh, tha mi airson sgeul goirid innse dhuibh, a chaidh a chlàradh ann am Muile. Innsidh mi dhuibh aig an deireadh cò an duine a dh'inns an sgeul. Mura h-eil sibh eòlach air dualchainnt Mhuile, na gabhaibh dragh sam bith. Tha i cianail furasta a thuigsinn.

Mus inns mi an sgeul, tha mi airson bruidhinn mun Ghàidhlig air *shark*. Ma thèid sibh don Fhaclair Bheag no gu Faclair Dwelly, agus ma chuireas sibh '*shark*' don einnsean-rannsachaidh, bidh tòrr cheann-fhaclan a' nochdadh. Tha cuid dhiubh a' riochdachadh ghnèithean sònraichte agus **cuiridh sinn iad sin an dàrna taobh**.

Tha dà fhacal a' stobadh a-mach – *siorc* agus *cearban*. Tha *cearban*, mar as trice, a' seasamh airson *basking shark*. Tha sin a' fàgail *siorc* mar fhacal coitcheann airson *shark*. Ach dè tha am bodach Muileach ag ràdh anns an sgeul seo? Uill, tha esan ag ràdh '*shark*' coltach ris a' Bheurla. Chan e *siorc* ach *siarc*. Air sàillibh sin, tha mi fhìn a' dol a chleachdadh *siarc* nuair a tha mi ag aithris an sgeòil. A bharrachd air sin, tha am fear-aithris ag ràdh *madadh-alla* airson '*wolf*', seach *madadh-allaidh*. Canaidh mi sin cuideachd.

'S e an t-ainm air an sgeul 'An Seòladair agus an Leòmhann'. Bha seòladair a bha seo a' seòladh ann an long-chogaidh. Bha e a' gabhail fadachd nach robh e a' faotainn aiste. Bha an long air acair ann am bàgh latha a bha seo. Smaoinich an seòladair gun snàmhadh e gu tìr.

Leum e a-mach. Cha robh e fad' air an t-snàmh nuair a thàinig siarc as a dhèidh. Nise, feumaidh siarc a dhol air a dhruim mus fhaigh e grèim ort, oir tha am beul aige a-staigh cho fada agus an t-sròn aige a-mach cho fada. Bha an seòladair na shnàmhadair math. Bha e a' tighinn faisg air tìr agus bha *madadh-alla* ga choimhead.

Mhothaich an snàmhadair dha agus chaidh e fodha. Leum am *madadh-alla* a-steach agus dh'ith an siarc e. Mar sin fhuair an seòladair gu sàbhailte gu tìr.

Chaidh e air aghaidh tro gharbhlach mòr. Ràinig e àite far an robh leòmhann. Thug an leòmhann nuallan aiste. Thog i a cas toisich. Thug an seòladair an aire gun robh a cas air at. Bha stob de dh'fhiodh innte. Thug an seòladair an stob aiste.

Lean feadhainn eile bhon luing e. Chunnaic iad e, agus e a' ruigsinn a' chladaich. Bha iad a' dol ga pheanasachadh airson teicheadh bhon luing. Chaidh iad fhèin air tìr agus ghlac iad an leòmhann.

Thilg iad an duine don chèidse far an robh an leòmhann. Ach cha do rinn an leòmhann air ach imlich! Oir dh'aithnich i an duine. Chaidh an sgeul seo innse le Dòmhnall MacPhàrlain a bha na chìobair anns an Ros Mhuileach.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** làrach-lìn: *website*; diofar dhualchainntean: *various dialects*; einnsean-rannsachaidh: *search engine*; ceann-fhaclan: *headwords*; coitcheann: *general*; leòmhann: *lion*; cèidse: *cage*; dh'aithnich: *recognised*.

**Abairtean na Litreach:** làn stuth iongantach – sgeulachdan is òrain is cuimhneachain: *full of amazing stuff – stories and songs and memories*; bidh mi a' tarraing rudeigin às: *I shall be drawing something out of*; mar bhrosnachadh dhuibh a dhol air an làraich agus èisteachd ri Gàidhlig bhrèagha: *as encouragement to you to go on the site and listen to lovely Gaelic*; a chaidh a chlàradh ann am Muile: *that was recorded on Mull*; cianail furasta a thuigsinn: *really easy to understand*; tha cuid dhiubh a' riochdachadh ghnèithean sònraichte: *some of them represent particular species*; a' seòladh ann an long-chogaidh: *sailing in a warship*; a' gabhail fadachd nach robh e a' faotainn aiste: *growing weary that he wasn't getting off her*; air acair ann am bàgh latha a bha seo: *at anchor in a bay this particular day*; gun snàmhadh e gu tìr: *that he would swim to land*; feumaidh siarc a dhol air a dhruim mus fhaigh e grèim ort: *a shark must go on its back before it gets hold of you*; chaidh e fodha: *he submerged*; chaidh e air aghaidh tro gharbhlach mòr: *he went ahead through a great, rough, wild place*; thug an leòmhann nuallan aiste: *the lion let out a howl [the storyteller treated the lion as feminine]*; thog i a cas toisich: *it lifted its front foot*; thug an seòladair an aire gun robh a cas air at; *the sailor noticed that her foot was swollen*; bha stob de dh'fhiodh innte: *there was a wooden splinter in it*; a' dol ga pheanasachadh airson teicheadh bhon luing: *going to punish him for fleeing from the ship*; cha do rinn an leòmhann air ach imlich: *the lion just licked him*; Dòmhnall MacPhàrlain a bha na chìobair anns an Ros Mhuileach: *Donald MacFarlane who was a shepherd in the Ross of Mull*.

**Puing-chànain na Litreach:** no sa Bheurla Shasannaich: or in the English language. *Beurla originally meant a language or dialect so that we can qualify it with a noun to be really specific. A' Bheurla Shasannach refers to English, particularly as spoken in England. Because it is a feminine noun, an adjective qualifying it, where the article is present, is traditionally slenderised in the dative case (cf. anns a' Ghàidhlig Èireannaich), even though 'Beurla' itself does not take slenderisation.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** cuiridh sinn iad sin an dàrna taobh: *we'll disregard those.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA